

## **Camhanaich, Loch Sharbot, Ontàrio an Ear (Dawn, Lake Sharbot, Eastern Ontario)**

*(Air a sgrìobhadh an Canada, Cèitean 2017, air chuairt bho Ontario gu Alba Nuaidh a' comharrachadh 150 bliadhna bho chaidreachas na dùthcha. Written in Canada, May 2017, on a journey from Ontario to Nova Scotia making a series of BBC music documentaries marking the 150th anniversary of confederation.)*

Cois locha -  
ceileir Cèitein,  
moch-mhadainn.

Lochside -  
May birdsong,  
daybreak.

Cois cladaich -  
dìosg dèile,  
lochan-tàimh.

Shoreside -  
board creak,  
lake silence.

Cois laimrig -  
brag shlatan,  
sgothan chala.

Decksidè -  
rope smack,  
skiffs in haven.

Cois latha -  
faram siubhail,  
àrd-rathaid.

Day-side -  
travel rumble,  
highway.

Cois dùsgaidh -  
suain leaba  
bhuan.

Wakening-side  
bed slumber  
beyond me.